

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Faodar a sgaoileadh sa bhad

28 Dàmhair 2013

Bòrd na Gàidhlig a' coimhead ri fastadh Buill ùr

Tha Ministearan bho Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh suas gu ceathrar dhaoine a tha dùrachdach, dealasach a chur an dreuchd mar bhuill de Bhòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann nàiseanta airson a' chànain.

'S e buidheann Poblach Reachdail Neo-Roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus 's ann ris a tha e an urra gum bi a' Ghàidhlig air a dìon airson an ama ri teachd, gum bi cleachdadh na Gàidhlig agus tuigse oirre air an adhartachadh agus gum bi foghlam agus cultar na Gàidhlig air an leasachadh agus gum bi taic ann dhaibh.

Tha am Bòrd a' coimhead airson daoine aig a bheil na h-aon àrd-amasan agus a tha sa Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig agus a dh'obraicheas gun abhsadh ann a bhith a' mìneachadh agus a' leasachadh slighe ro-innleachdail a' Bhùird agus a' cur amasan dùbhlach fa a chomhair. Tha gu deireadh na seachdaine aig luchd-iarrtais airson cur a-staigh airson nan dreuchdan agus tha am Bòrd gu h-àraidh a' sireadh dhaoine aig a bheil eòlas ann an aon no barrachd de na trì raointean a leanas: sgrùdadh, iomhas agus siostaman cunntasachd; toirt seachad foghlam Gàidhlig; agus/no leasachadh agus ùrachadh air mion-chànanan.

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul: "Tha dùbhlach ann a bhith ag obair gus am bi a' Ghàidhlig ann dha na ginealaich ri teachd ach tha cuideachd rudan matha tighinn às agus cothroman adhartas a dhèanamh agus tha sinn a' gabhail misneachd bho àireamhan a' chunntais-sluaigh a thàinig a-mach o chionn ghoirid. Mhisnichinn daoine aig a bheil an ùidh, an dealas agus an t-eòlas riatanach cur a-steach airson àite air Bòrd na Gàidhlig agus a dhol an sàs aig àm a tha glè inntinneach agus dùbhlach dhan chànan."

Gu gnàthach, bithear an dùil gun caith buill a' Bhùird trì latha gach mìos air obair a' Bhùird agus gum bi iad an làthair aig co-dhiù ceithir de choinneamhan a' Bhùird gach bliadhna; a bharrachd air comataidhean a' Bhùird agus gnìomhachdan eile. Mairidh na dreuchdan mar bhuill den Bhòrd airson teirm ceithir bliadhna agus math dh'fhodte sìneadh gu dara teirm. Bidh na dreuchdan a' tòiseachadh air 3 Màrt 2014, agus 's e 1 Samhain an an latha mu dheireadh airson iarrtasan.

Gheibhear pasgan iarrtais agus fiosrachadh mionaideach air na dreuchdan seo agus dreuchdan poblach eile air an làrach-lìn airson dreuchdan poblach: www.appointed-for-scotland.org

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

Iain Caimbeul, Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig. E-mail: iain.caimbeul@gaidhlig.org.uk Mob: 07870 575 717

Alasdair MacFhionghuin, Leasaiche Ionmhais & Seirbheisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.

E-mail: alasdair@gaidhlig.org.uk Mob: 07557 481 080

www.gaidhlig.org.uk

Fòn: 01463 225 454

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



For Immediate Release

28th October 2011

Bòrd na Gàidhlig seeking new Members

Scottish Ministers are seeking to appoint up to four enthusiastic and committed individuals to the national language body, Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig is a statutory Non Departmental Public Body established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and is responsible for safeguarding the future of Gaelic in Scotland, for promoting the use and understanding of the Gaelic language and for developing and supporting Gaelic education and culture.

The Bòrd are looking for individuals who share the ambitions of the National Gaelic Language Plan and who will work tirelessly in defining and developing Bòrd na Gàidhlig's strategic direction and in setting challenging objectives. Applicants have until the end of the week to apply and the Bòrd is particularly looking for people who have expertise in one or more of the following three areas: audit, finance and accounting systems; Gaelic education provision; and/or minority language development and revitalisation.

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Iain Campbell, said: "The work to secure Gaelic's future is challenging but there are also many rewards with opportunities to make progress and we take encouragement from the recent census figures. I would encourage people with the necessary, interest, commitment and expertise to apply for a place on Bòrd na Gàidhlig and to get involved at a very interesting and challenging time for the language"

Bòrd members will be expected to spend on average three days per month on Bòrd business and to attend at least four Bòrd meetings annually; in addition to Bòrd committees and other activities. The appointment of the Bòrd members will be for a four year term with the possibility of re-appointment for a second term. The appointments will take effect from 3rd March 2014, and the closing date for applications is 1st November 2013

An application pack and full details on this and other public appointments can be found at the public appointments website: www.appointed-for-scotland.org

For further information please contact:

Iain Campbell, Cathraiche (Chair), Bòrd na Gàidhlig. E-mail: iain.caimbeul@gaidhlig.org.uk

Mob: 07870 575 717

Alasdair MacKinnon, Head of Finance & Corporate Services at Bòrd na Gàidhlig. E-mail: alasdair@gaidhlig.org.uk

Mob: 07557 481 080